

Coinneamh: Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-là/Àm: 06 Cèitean 2025 aig 09.30
Càite: Microsoft Teams

Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

1.1. Fàilte is Leisgeulan

Buill Comataidh an Làthair:

Seonaidh Charity (Cathraiche) [SC]

Michelle NicLeòid [MNL]

John N Dòmhnallach [JND]

Màiri NicAonghais [MTNA]

A' Frithealadh:

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard/Oifigear Cunntachail [ED]

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh [IMM]

Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim [JMH]

Orla NicDhòmhnail, A' clàradh a' gheàrr-chunntais [OND]

1.2. A' Nochdadh Com-pàirtean

MNL – Theatre gu Leòr, Oilthigh Obar Dheathain

SC – Comhairle nan Leabhraichean

1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

2. Ionmhas

2.1. Aithisg Ionmhas

Dh'innis NP gu Bhuill gu robh geàrr-chunntas gu deireadh na bliadhna ri fhaicinn san aithisg Ionmhas agus gu robh tar-chosgais de £12,000 air a bhith ann. Ach, nuair a thèid airgead a chaidh a thoirt air adhart a gabhail a-steach, bha balans airgead de £9,000 air fhàgail airson toirt air adhart gu 2025/26. Thug i mìneachadh cuideachd gu robh am fo-chosgais ann an luchd-obrach mar thoradh air dreuchd a bhith bàn airson leth den bhliadhna.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithisg ionmhas.

2.2. Aithisg Bhliadhnail air Solarachadh

Thug NP iomradh air am pàipear a bha sealltainn gun do lean solarachadh sam bith a' rinn Bòrd na Gàidhlig ann an 2024/25 na pròiseasan cheart. Chaidh dhà cùmhnant a thoirt seachad as dèidh eacarsaich tairgse; chaidh aon cùmhnant a thoirt seachad as dèidh eacarsaich deasg agus chaidh aon cùmhnant a thoirt seachad as dèidh dòigh-obrach aon-tairgse. Chaidh sgrùdaidhean a dèanamh gus a bhith cinnteach nach deach pàighidhean uile gu lèir seachad an stairseach, agus far an deach, chaidh sealltainn ciamar a bha iad fhathast gèilleadh ri na riaghailtean.

Dh'fhaighnich Buill ciamar a bha cosgaisean air solarachadh an coimeas ri bliadhnaichean roimhe agus dhearbh NP gu bheil iad coltach ri chèile gach bliadhna.

Bhruidhinn buill air cosgaisean ag èirigh agus mar a dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air a' bhuidhinn san àm ri teachd.

Thug NP tuilleadh fiosrachaidh seachad mu chleachdadh oifis Bòrd na Gàidhlig.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don Aithisg Bhliadhnail air Solarachadh.

3. Cleachdadh

3.1. Aithisg air Leasachaidh

Thug IMM fios gur e an fhiosrachadh sa phàipear na chaidh aontachadh aig coinneamh Bhòrd-stiùiridh bho chionn ghoirid. Thug e fios mun buaidh a bhios maoin iomadh bliadhna a thoirt air na buidhnean agus an obair a tha iad a dèanamh. Bheachdaich e air na puingeann math is doirbh agus thog e gum bi e cudromach a bhith bruidhinn air na puingeann seo gu cunbhalach. Thug a' Cheannard fios gu robh i air bruidhinn do na buidhnean a tha a faighinn na maoin eachadh agus gu bheil iad ag aithneachadh na dleastanasan is modhan aca a thaobh a bhith toirt fiosrachadh do Bhòrd na Gàidhlig.

Dh'fhaighnich Buill a' bheilear air atharrachadh na thathar ag iarraidh bho buidhnean anns na h-aithisgean aca as dèidh dhaibh maoinachadh fhaighinn agus thug IMM beachd air mar a thathar a-nis a tomhas builean agus mar a tha seo air atharrachadh.

Bheachdaich Buill agus IMM air mar a tha gainnead luchd-obrach san roinn a thoirt buaidh air buidhnean agus ciamar as urrainnear dèanamh obraichean nas tarraingeach do thagraichean.

Thog Buill gu robh iad mothachail gu robh Sgeama nan Oifigearan air fosgladh agus dh'fhaighnich iad do Bhuill airson tuilleadh fiosrachadh mun ùidh a bha iad air faicinn san sgeama. Thug an Sgioba Stiùiridh fiosrachadh agus beachdan air seo.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don Aithisg air Leasachaidh.

3.2. Prìomhachasan Tabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean

Gàidhlig 2025/26

Thug SK iomradh do Bhuill air an fhiosrachadh sa phàipear agus thug e fios gun deach buidseat trèanaidh sònraichte a chur ris a sgeama am bliadhna.

Chaidh beachdachadh air duilgheadasan le comataidhean buidhnean tràth-bhliadhnaichean agus ciamar a thathar a toirt buaidh is taic do bhuidhnean den leithid. Thug a' Cheannard tuilleadh fios air mar a bhios oifigearan Bòrd na Gàidhlig a toirt taic do bhuidhnean lìbhrigidh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na Prìomhachasan.

4. Planaichean Gàidhlig

Dh'fhàg MNL na coinneimh

PGR050 E03 Plana Gàidhlig Oilthigh Obar Dheathain

Thug JMH geàrr-chunntas seachad air an treas eagra de Phlana Gàidhlig Oilthigh Obar Dheathain agus fios mun adhartas a rinneadh san dàrna eagra. Thog Buill gur e plana gu math inntinneach is soilleir a bh' ann agus gu robh e a' toirt dealbh math air na tha dol air adhart ann an Obar Dheathain. Thogadh gu robh e brosnachail a bhith faicinn na tha dol air adhart ann am baile far a' bheil dàta a' chunntas-sluaigh a' sealltainn fàs 's na h-àireamhan de ùidh sa Ghàidhlig. Mhol Buill gu robh fòcas air co-obrachadh sa Phlana agus thug iad beachd air cho luachmhor sa tha e gu bheil àite cho cudromach aig an Oilthigh ann an obair brosnachadh na Gàidhlig sa bhaile Obar Dheathain agus gun urrainn dhaibh stiùir is beachdan a thoirt do bhuidhnean eile.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Gàidhlig Oilthigh Obar Dheathain.

PGR028 E03 Siorrachd Àir a Tuath

Thug JMH geàrr-chunntas seachad air an treas eagra de Phlana Gàidhlig Siorrachd Àir a Tuath agus fios mun adhartas a rinneadh san dàrna eagra. Thugadh blasad air na gealltanasan sa phlana, còmhraidhean a chaidh a chumail leis a' Chomhairle agus fios mu foghlam Gàidhlig san sgìre. Thogadh gu bheil an comhairle taiceil don Ghàidhlig agus chaidh beachdachadh air am buaidh a th' aig seo sa phròiseas ullachaidh Phlana Gàidhlig. Chaidh beachdachadh cuideachd air cothroman nach eil air an toirt a-steach don Phlana.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Gàidhlig Siorrachd Àir a Tuath.

5. Cùisean HR

5.1. Poileasaidhean HR

Sàrachadh Cleamhnasach

Thug KNG fios air cò as a thàinig am poileasaidh seo agus air treanadh a chaidh a thoirt do luchd-obrach.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' phoileasaidh le tuigse gum faighear dreachd dà-chànanach tro phost-d.

Poileasaidh airson Ìrean Giùlain

Thug KNG fios gun deach am poileasaidh ùrachadh leis gu bheil dòighean-obrach air atharrachadh taobh a-staigh na buidhne.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' phoileasaidh.

Stiùireadh Obair Aonair

Thug KNG fios air carson a tha feum air am poileasaidh seo agus ciamar a tha e toirt buaidh air luchd-obrach.

Dh'fhaighnich Buill a' bheil seo a' toirt buaidh air na buidhnean lìbhrigidh leis a tha Bòrd na Gàidhlig ag obair. Thug a' Cheannard fios gu bheil an stiùireadh seo airson luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig a-mhàin ach gun tog i an cuspair gu neo-fhoirmeil leis na buidhnean lìbhrigidh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' phoileasaidh.

Poileasaidh Màthaireachd, Athaireachd agus Uchd-mhachdachaidh

Thug KNG fios gun deach pìos lagh ùr a stèidheachadh sa Ghiblean 2025, Achd Cùram Ùr-bhreitheach (Fòrladh agus Pàigheadh) 2023 agus gun deach am poileasaidh ùrachadh gus dearbhadh gu bheil Bòrd na Gàidhlig a toirt taic do luchd-obrach air fad na fòrladh pàrant sam bith.

Thog Buill nach robh marbh-bhreith, bàsachadh òg no turas àsbhuaineach an lùib a' phoileasaidh agus dh'aontaich NP agus KNG gun dèan iad rannsachadh air seo agus gheibh Buill fios tro post-d as dèidh na coinneimh.

Gnìomh:

NP agus KNG gun dèan iad rannsachadh air seo agus gheibh Buill fios tro post-d as dèidh na coinneimh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' phoileasaidh le tuigse gum faighear fios air na puingean a chaidh a thogail.

5.2. Dàta Daonna

Thug KNG fios mu ìre tinneas sa bhuidheann agus gu bheil lùghdachadh luchd-obrach na buidhne air buaidh a thoirt air na h-àireamhan seo agus nach eil adhbhar airson dragh ann.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don dàta.

5.3. Aithris air Dleastanas Bith-iomadachd

Thug KNG iomradh air an fhiosrachadh sa phàipear.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an fhiosrachadh san aithris.

5.4. Slàinte is Sàbhailteachd (Airson Fiosrachadh)

Thug KNG fios nach robh tubaistean aig ìre son aithris air a bhith ann agus gu bheil am buidheann air gluasad gu buidheann EAP (Employee Assistance Programme) ùr leis an ainm Barbour EHS.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh san aithisg.

6. Riaghladh

6.1. Aithisg Bhliadhnail na Comataidh

Thug a' Cheannard iomradh air an fhiosrachadh san aithisg agus thogadh aon ceann-là a bha ri atharrachadh mus tèid an aithisg don Bhòrd-stiùiridh. Chaidh deasbad a chumail air am bu chòir do phlanaichean a chaidh aontachadh as dèidh an coinneamh mu dheireadh den bhliadhna a thoirt a-steach don aithisg.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an aithisg.

6.2. Bun-riaghailtean na Comataidhean

Thug a' Cheannard iomradh air an fhiosrachadh sa phàipear agus atharraichean sam bith a chaidh a dhèanamh do na bun-riaghailtean.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na bun-riaghailtean.

6.3. Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Thug a' Cheannard iomradh air an fhiosrachadh sa phàipear agus atharraichean sam bith a chaidh a dhèanamh don phlana-obrach.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' phlana-obrach.

7. GISBE

Ceann-là na h-ath choinneimh: 09/09/2025

Dùnadh na seisean